

Seanchas Ìle

TASG-LANN DUALCHAIS

A' dèanadh uisge-beatha

NM: Neil MacFhearghais

EE: Emily Edwards

NM: Mar a thàinig mise a dh'obair a' seo an toiseach, mar a thàinig mi don bhaile seo an toiseach... bha...ceithir...*thirty four*...ceithir deug air fhichead ag obair. Uill, bha iad air a' *payroll* co-dhiù, chan robh feadhainn ach, cha robh iad sin a' dèanadh a' mhòran... (*gàireachdainn*). Bha ceithir 's deug air fhichead ag obair mar bitheanta co-dhiù anns an stail anns an àm sin. A-nis, chan eil ach seachd. Shin agad a th' ann. Agus paidhir dhuicha sin. Am manaidsear agus... an *clerkess* anns an oifis ach chan eil sin ach a' fàgail còig agus ma thig thu a-staigh don... Ma thig thu a-staigh an-sin, chan eil ach aon duine...

EE: Aha.

NM: ... a tha a' ruith a h-uile mìr...agus mar a tha thu a' glanadh na gnothaichean a-staigh an-sin, tha thu a' *useadh chemicals 'n* rudan mar sin ach ma chuireas tu e air a' choimpiutair. 'Prògram air a' choimpiutair 's glanaidh esan a h-uile stuth agus cha leig thu leas *chemicals*. Cha leig thu don chòrr idir. Nì esan a h-uile stuth. Ach, airson mar a tha thu a' dèanadh an obair, mar a tha thu a' dèanadh uisge-beatha mar sin. 'Se fear a tha air an *shift*, 'se esan a tha *in control*. Esan, uill, chan eil aca ach mar a' falbh agus cneapan 'siud 's an-seo. Ach tha na cneapan sin, tha iad a' *switchadh* air pumpannan agus a' fosgladh *valves* agus rudan mar sin. Chan eil mìr obair a' ruith mun cuairt ach a' fosgladh siud agus a' drùnadh siud a-nis.

EE: Tha sin gu math duilich.

NM: Tha iad dìreach a' putadh na cneapan beag agus tha sin a' dèanadh an obair. Ach tha e glè shoirbh ged nach eil ach aon duine ga dhèanadh. Tha sinn a' dèanadh còig mìle galan ann an... sa latha. *Twenty four hours*.

EE: Còig mìle?

NM: Tha iad ag obair fad na h-ùine, tha fhios 'ad. Ach, tha còig mìle galan, 'eil e a dhìth ort sin ann an litres?

EE: M-hm .

NM: Twenty three thousand five hundred. 'Se mòran uisge beatha a tha sin! Airson aon duine aig àm, aon duine anns a' *shift*. Tha iad ag obair ochd uairean, tha fhios 'ad. Tha cuideigin a' dol a-mach sè uair anns a' mhaidinn agus tha e rèidh aig dà uairean. Dà uair às dèidh meadhan latha agus tha cuideigin eile a' tòiseachadh aig dà uair. Tha esan rèidh aig deich uairean

feasgar agus cuideigin eile a' tighinn a-mach 'shon shift na h-oidhche aig deich uairean agus bidh esan rèidh aig sè uair 'sa mhaidinn. Ach chan eil ach aon duine anns an àite.

EE: Seadh

NM: Uill, na feadhainn a tha ag obair 'san latha tha am fear mu dheireadh a-mach às a sin leth uair an dèidh ceithir agus chan eil ach aon duine a' ruith an àite air fad agus sin gus ochd uairean an larna-mhàireach.

EE: Tha sin gu math duilich, nach e?

NM: Ó tha, tha e duilich.

EE: Dè'n obair a bh' agads' nuair a thòisich thu aig Caol Ila, dè'n obair a bh' agad?

NM: Bha mise ag obair anns an t-sabhail bràchaidh. Bha sinn a' tòiseach' le eòrna, tha fhios 'ad, sìol eòrna. Agus bha sinn air a toirt, a' eòrna, tha tunnaichean 's tunnaichean dheth agus bhiodh sinn ga chur am bogadh ann an uisge fad...chan eil fhios a-nis de an ùine a bh'agad, *thirty six hours* agus ach bha thu a' gabhail chun an uisge abair leth-rathaid eadar an àm sin. Bha thu a' ruith dheth an uisge a bha am bogadh ann agus bha thu a' cur uisge eile air a lìonadh e suas a-rithist. Bha *tankannan* mòra agus bha thu ga chur ann. Tunnaichean agus tunnaichean dheth. Agus bha thu a' sin a' *draineadh* air folbh e, an uisge, às a sin. Agus bha thu ga thoirt agus bha thu ga sgaoileadh a-mach air ùrlar mòr *concrete*, dìreach thar do ghualainn mar sin agus... ach mòr, taigh mòr... agus ris an robh 'ad a' toirt dà no trì òirleach doimhneachd. Agus bha thu dìreach ga fhàgail. Agus bha e fliuch co-dhiù agus nuair a dh' fhàgas tu e bhiodh e a' teasachadh 's a' fàs blàth agus thòisich e a' cinntinn. Agus mar a thòisigh e a' cinntinn bha thu a' faotainn na rudan beaga geal, cosail ri ribichean a' tighinn a-mach às na rudan beaga eòrna. Chitheadh tu na... uill... bha h-aon a' tighinn a-mach aon cheann bho na freumhaichean - na *roots* - agus an rud eile bha iad bho na duilleagan mar sin agus nuair a bha an ùine a' dol seachad bha iad a' cinntinn nas fhaide 's nas fhaide gus an ruigeadh iad a leithid seo. Dh' fheumadh tu an tionndadh le sluasaidean fiodh... Dh'fhaidte gu' fac' thu iad fhè air uaireigin. Ach...[?] nach fhaca. Bha sinn ga thionndadh a chionn feumadh tu a chumail a' dol mun cuairt ga thionndadh. Mura dèan thu sin mar a dh' fhàsas iad nas fhaide agus nas fhaide, na ribichean beag seo, a tha a' tighinn air, bidh iad a' dol gan fighe a-staigh am measg a chèile agus cha mhòr nach togadh tu e cosail ri *carpet*. [?] tu e agus chumadh e còmhla, tha fhios 'ad. Bhon sin bha thu ga tionndadh fad na h-ùine, gus nach fhaigheadh iad greim air a chèile.

EE: Tha mi a' tuigsinn.

NM: Agus bha sin a' dol air aghaidh, fad na h-ùine, fad na h-oidhche. A bharrachd air an latha cuideachd agus bhiodh tu a' dèanadh sin agus an ùine a bha sin, a bha thu a' dèanadh sin. Agus bha iad a' cinntinn, *germination stage, germination process*. Bha iad a-staigh anns an eòrna bha e air at suas leis an uisge co-dhiù agus *absorb* e. Bha iad a' dèanadh siùcars agus starrsa a-staigh a' sin agus ... *enzymes* de seòrsaichean. Chan eil fhios a'amsa. Bha *enzymes* co-dhiù. 'S bha iad air a dhèanadh a-staigh sin agus na siùcair sin [?]. 'Se sin

a tha thu a' *convertadh* a-staigh do alcohol mar a tha thu... rèidh [?]. Ach, mar a tha thu ga bhràchadh mar shin cha toirt e ach ceithir làithean, cha toir e mu cheithir làithean no mar sin. Mar a mhandas tu h-aon de na rudan 'n eòrna, na *'ears*, a thogail, sgrìobhadh tu d'ainm air a' bhalla leis. Tha... a-nis, tha sin deas airson an ath *stage*. Agus ga thoirt à sin agus tha thu ga chur a-staigh don àith airson a thiormachadh. Agus bha mi ga sgaoileadh a-mach air an ùrlar, *mash* a bha 'san ùrlar agus bha thu a' sin a' togail gealbhan a-staigh fo i le mòine ach dh'fhaidte beagan gual cuideachd, *coke*, airson teas a thoirt dha. Agus, bha an teas on ghealbhan mòine a bha sin a' dol suas tron ùrlar a bha shuas air a' *mash*, *mash* a bha shuas a' sin agus bha e a' tiormachadh a' eòrna [?] a' bhràch a bha shuas air a' mhullach a' sin. Agus dh'fheumadh tu dol a-staigh sin a h-uile latha. Sin na *pogadas* a tha sin, na *pogoda roofs*, sin far a bheil an àith. Chì thu toit a' tighinn a-mach às a sin gach aon latha.

EE: Cuin' a thòisich tu a' dèanamh na *tour guides* dìreach...?

NM: Dìreach o chionn... Uill, tha mi a' dèanadh an obair sin, tha 'chionn còrr is fichead bliadhna, o chionn cha robh e a-riamh a' cur dragh ormsa *communicating* le duine sas bith! (*gàireachdainn*). Agus am fear a bha shìos an-seo 'san àm, bha esan eòlach ormsa. 'Se Ileach eile a bh' ann. 'Ileach 's a tha a' chuid as motha de na feadhainn a tha shìos an-seo.

EE: Tha sin math.

NM: 'Se, ò 'se sin mar a bha e a-riamh. Agus nuair a bha mi a-staigh a' sin bhiodh tu a' cluinntinn a' uiread Ghàidhlig 's a chluinneadh tu àite sas bith. Ainmean de bha tachairt, bràch, tha fhios 'ad. Agus mar sin bha na facail Ghàidhlig airshon a h-uile stuth a bha a' tachairt cuideachd. Na stailichean, anns an taigh na stails, taigh na stailich. Agus... chuala mi [?] uisge beatha cuideachd 's gnothaichean eile. Leann-loisgte, an cuala tu sin?

EE: Cha chuala.

NM: *Burnt ale, pot ale*. Shin 'ad mar a tha e. Tha e air fhàgail as dèidh a thoirt dheth agus bha facal eile airshon a h-uile stuth a bha thu a' dèanadh. Bha facail Ghàidhlig agad air a shon. Agus nuair a bha thu ag obair bha sinn a' bruidhinn 'sa Ghàidhlig co-dhiù.

EE: An robh sibh daonnan a' bruidhinn anns a' Ghàidhlig?

NM: Bha sinn a' bruidhinn am measg a chèile anns a' Ghàidhlig, bha... bha. Agus chan eil fhios ma tha duine sas bith an ceartuir a bhruidhneas a' Ghàidhlig. Tha mi cinnteach gu bheil iad glè eòlach air a' Ghàidhlig...

EE: Bidh

NM: ...ach cosail ri mòran de na feadhainn nas òige cha bhruidhinn iad e ged a tha iad, tuigidh iad mòran dheth agus tha an aon rud shìos an seo.

EE: 'Se, 's e. Dè seòrsa faclan a tha agaibh airson diofar rudan?

NM: Uill, airson na stailichean... mar a tha thu a' cur a-staigh... *wash* sin agad mar a tha e, mar a tha. Bha mi a' bruidhinn tioram air a' bhràchaidh, bràch,

malt, bràch. Tha thu a' tòiseachadh leis an eòrna agus tha thu ga bhràchadh, *through the malting process*, agus tha thu a' sin a cur a-staigh don àith.

EE: Seadh.

NM: 'Se sin far a bheil thu ga tioramachadh 'san àith.

EE: Tha mi a' tuigsinn *uh-huh*.

NM: Tha sin deas airson an ath *stage*. Agus mar a chuireas tu e anns an dabhach, *mash tun*, an dabhach, sin a their 'ad ris. Agus tha thu ga mheasgachadh sin le uisge teth. Tha thu ga chur tron mhuileann roimhe sin agus tha thu ga mhuileadh shìos. Chan eil e doirbh a faighinn... Ach tha thu ga cur don mhuileann an tòiseach agus tha thu a' sin ga chur a-staigh anns an dabhach le uisge teth. Agus tha an t-uisge teth a tha thu a' cur air tha sin a' tarraing às na siùcaran agus na starrsan a bha air a dhèanadh aig... *germination, germination stage, the malting stage*. Mar a bha mi ag ràdh tha thu a' sin a' tarraing na siùcaran 's na seòrsa, na rudan ann às mar a chuireas tu anns an dabhach agus tha thu a' sin ga chur... anns na tunnaichean, *tuns*. T. U. N. 'Se sin *vats, vats* mòr fiodh.

EE: *Aye*, the fios 'am, *aye*.

NM: 'S ann às fiodh a tha iadsan a thogail. Agus... ach mun cuir thu e a-staigh a' sin, feumaidh tu 'ath-fhuarachadh sìos a chionn gu bheil thu a' dol a thoirt deasgairn na mheasg. Deasgairn airson... a' *startadh fermentation*. Agus tha thu a' cur an deasgairn a-staigh...*start* fhaighinn air folbh. Tha thu a' cur an leithid seo dhe dheasgairn anns a h-uile... sin an dòigh... ochd deug mìle galan aig àm. Tha sinn a' cur deasgairn a-staigh na mheasg agus tòisichidh sin a' *fermentadh*, tha fhios 'ad, suas agus feithidh e a-staigh a' sin fad trì làithean no dh'fhaoidte trì làithean gu leth...agus tha sin deas, their iad ris caochan, *wash*, caochan.

EE: Caochan. Seadh, *uh-huh*.

NM: Agus mar a tha e rèidh... *fermentation, fermentation stage*. Tha e cosail ri leann car làidir a tha sin. Tha e *seven percent alcohol* nuair a tha sin. Ach tha e glè gasda 's toil le mòran dhiucha e ach dh' fhàs iad tuilleadh 's dèidheil air... A-nis tha iad a' toirt an *stuff* sin, a' caochan, *wash* mar a thuirt iad ris, agus tha thu a' sin ga chur a-staigh don stail, stail a' chaochain. Agus tha thu ga goileadh suas. Agus mar a thòisicheas e air sgaoileadh, tha... *vapour* a tha a' tighinn dheth, *steam*, tha a' dol suas don *stills*, a-staigh don *chondenser*. Agus tha sin a' *condensadh* agus dè their ris, an *stage* ... Anns a' Bheurla 's e *low wines* a their iad ris ach chan eil cuimhne. Cha mhand mi cuimhneachadh a-nis air an ainm anns a' Ghàidhlig. Ach sin agad a' chiad *stage* den *distillation* agus ma thòis'eas tu am fear sin suas gus *twenty eight percent... alcohol*.

EE: Uh-hm.

NM: Tha thu a' sin ga chur a-staigh don stilleachan eile, stailichean na spiorad, agus mar a thòiseachas e air goileadh a' sin mar a thòiseachas e a' tighinn dheth tha e shuas ri, cho àrd ri, tha e dh'fhaoidte trì deug 's trì fichead, *seventy three percent alcohol*. Tha thu ga ruith mar spiorad fad trì uairean.

EE: Seadh.

NM: Trì uairean agus tha e a' fàs mar a tha an ùine a' dol seachad. Tha e a' dol sìos aig ceann na trì uairean, tha thu sìos gus trì fichead, *sixty percent alcohol*. Tha sin a' dol thar uisge beatha agus tha thu ga ruith dheth. Their iad ris *faints*. 'Se sin an aon ainm a tha fhios a'ams' air a shon. Ach tha e a' fàs lag a' sin... nas fhaide sìos gus mu dheireadh tha e cho lag dìreach, tha e dh'fhaidte h-aon *percent alcohol*. An dèidh sin chan eil a' *cost* airgead. Agus uill, 'se Albannaich a th'ann an-sin...Co-dhiù gheibh iad an rud [?] daonnan a' dèanadh cosg airgead. Ma thig thu gus...shìos gus *one percent*. Chuir dheth an stail, lìon e suas i 's a' gabhail ort fad na h-oidhche 's fad an latha gu ceann aon seachdain...mar a tha thu fhè...[???] Ach a h-uile latha, tha fhios 'ad, a h-uile mìr, ceithir uairean air fhichead, còig mìle galan. *Twenty three thousand five hundred litres*.

EE: Còig mìle?

NM: 'Se mòran uisge beatha a tha sin. (*gàireachdainn*).

EE: Tha sin math - chan urrainn dhomhsa sin a chreid!

NM: Barrachd na b' urrainn dhomhsa a dh'òl! Ach tha e fuathasach agus bidh iad a' tighinn às h-uile h-oisean den t-saoghal 'faicinn mar a tha sinn a' dèanamh uisge beatha.

EE: Bidh.

NM: Agus tha amadan cosail riumsa a' dol mu chuairt ag innse dhaibh dè tha tachairt...

[15.52]